

## Fios Naidheachd

Tha dìreach seachdain air fhàgail gus do bheachdan a chur a-steach do cho-chomhairle na seirbheis smàlaidh mu atharrachaidhean a thaobh freagairtean do dh'alarman teine fèin-obrachail san àite-obrach.

Tha Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (SFRS) ag iarraidh beachdan an t-sluaigh air trì roghainnean airson a bhith a' freagairt alarman teine fèin-obrachail.

Bidh SFRS a' dol a-mach gu còrr is 28,000 alarman fallsa gach bliadhna bho alarman teine fèin-obrachail san àite-obrach. 'S e amas na co-chomhairle 12-seachdain seo a bhith a' faighinn bheachdan air na roghainnean, gus an àireamh de dh'alarman fallsa a bhios sinn a' frithealadh a lùghdachadh agus gus an urrainn do na smàladairean an tide seo a chleachdad gus barrachd a dhèanamh do choimhairsnachdan na h-Alba.

Mhìnich Prìomh Oifigear Màrtainn Blunden: "Ma dh'atharraicheas sinn mar a tha sinn a' dhèiligeadh ris na rabhaidhean sin, dh'fhaodamaid is dòcha 64,000 uair a thìde gach bliadhna de dh'ùine luchd-obrach a shaoradh airson gniomhan eile, a' gabhail a-steach barrachd trèanaidh is leasachaidh gus am bi na sgilean aig smàladairean a rèir feumalachdan atharrachail na h-Alba.

"Bheir an t-atharrachadh seo cothrom do chriuthaichean freagairt air fior chùisean èiginn nas luaithe oir bho àm gu àm thèid innealan-smàlaidh a chur air adhart bho alarm meallta no feumar an cur gu alarm fallsa bho stèisean nas fhaide air falbh.

"A bharrachd air seo, bidh e comasach dhuinn barrachd tide a chur seachad a' cumail taic ri àiteachan obrach agus gus bacadh a chur air alarman fallsa le bhith ag obair leis an fheadhainn aig a bheil dleastanas laghail airson sàbhailteachd teine, ar a bheil Luchd-dleastanais.

"Tha sinn airson do bheachdan fhaighinn air na trì roghainnean a tha sinn a' moladh agus mar sin, nach leugh thu an sgrìobhainn agus nach toir thu dhuinn do bheachd air mar a tha thu a' smaoineachadh a b' urrainn dhuinn ar goireasan a chleachdad gus thu fhèin, do theaghach agus do choimhairsnachd a chumail nas sàbhailte."

Dùnaidh a' cho-chomhairle ann an seachdain, air Diluain 11 Dàmhair. Chaidh na molaidhean a thathar a' cur air adhart a chruthachadh ann an com-pàirteachas le luchd-obrach agus priomh luchd-ùidh, cho math ri bhith a' faighinn tuigse air na diofar fhreagairtean a th' aig seirbheisean smàlaidh eile san RA mar-thà.

Tha an t-àm ann airson atharrachadh. Tha barrachd fiosrachaiddh mun cho-chomhairle, a' gabhail a-steach na sgrìobhainn agus an t-suirbhidh ri fhaighinn air-loidhne:

<https://www.firescotland.gov.uk/consultations/ufas-consultation.aspx>

Tog do ghuth agus cuidich sinn gus Alba a dhèanamh nas sàbhailte dhuinn uile.

AN DEIREADH

**Social media posts Puist air na meadhanan sòisealta:**

Tha a' cho-chomhairle againn mu bhith ag atharrachadh mar a bhios sinn a' freagairt alarman teine san àite-obrach a' tighinn gu crìch ann an seachdain.

Bidh sinn a' dol a-mach gu còrr is 28,000 alarman fallsa bho alarman teine san àite-obrach gach bliadhna. Tha sinn airson an àireamh seo a lùghdachadh agus an tide a chleachdad gus barrachd a dhèanamh do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Tha an t-àm ann airson atharrachadh. Tog do ghuth - gabh pàirt anns a' cho-chomhairle.

Tha barrachd fiosrachaiddh mun cho-chomhairle, a' gabhail a-steach tionndadh Gàidhlig den sgriobhainn agus den t-suurbhidh ri fhaighinn air againn làrach-lìn.

AN DEIREADH